

CARSON NACH CÙM SIBH UR COINNEAMHAN ANNS A' GHÀIDHLIG?

CARSON?
CIAMAR?
CÀITE?



Tha na h-innealan eadar-theangachaidh air am maoinachadh le Bòrd na Gàidhlig le taic bho Chomhairle nan Eilean Siar agus Leasachadh Coimhearsnachd Eaconamach nan Eilean Siar



A' cruthachadh chothroman dhan Ghàidhlig

An lùigeadh sibhse ur coinneamhan a chumail anns a' Ghàidhlig?

CARSON?

Tha na Gaidheil gu nàdarra air a bhith a' bruidhinn na Beurla nuair a tha neach gun Ghàidhlig nam measg. Chanadh cuid gun robh buaidh mhòr aig seo air crìonadh a' chàinain agus gur e cho deònach is a bha na Gaidheil oidhirp a dhèanamh gus a' Bheurla a bhruidhinn a tha a' fàgail na Gàidhlig anns an staid sa bheil i an-diugh.

Tha teicneòlas ùr air seo atharrachadh ge-tà. Tha Comunn na Gàidhlig, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar agus Leasachadh Coimhearsnachd Eaconamach nan Eilean Siar, air 8 innealan eadar-theangachaidh ùra fhaighinn a dh'fhaodas buidhnean fhaighinn air iasad gus an cleachdadh aig coinneamhan, òraidean, co-labhairtean is eile.

CIAMAR?

Tha na h-innealan anabarrach furasta an cleachdadh agus tha 20 paidhir chluasan a' tighinn an cois gach fear. Tha seo a' ciallachadh gun urrainn dha suas gu 20 neach aig nach eil aon fhacal Gàidhlig a bhith an làthair aig coinneamh no tachartas far a bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn.

Tha na h-innealan eadar-theangachaidh seo a' ciallachadh nach eil càil sam bith a-nis a' cur bacadh air buidhnean bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig na coinneamhan aca. Aig an aon àm tha iad cuideachd a' ciallachadh gu bheil daoine gun Ghàidhlig a' faighinn a' chothrom eadar-theangachadh mar-aon a chluinntinn is mar sin 's urrainn dhaibh com-pàirt a ghabhail aig na coinneamhan Gàidhlig.

CÀITE?

Tha na h-innealan eadar-theangachaidh rim faighinn air iasad bho:

CnaG, Glaschu	Fòn: 0141 3392022
CnaG, Inbhir Nis	Fòn: 01463 234138
CnaG, Port Rìgh	Fòn: 01478 611900
CnaG, Steòrnabhagh	Fòn: 01851 701802
Colaisde a' Chaisteil, Beinn na Faoghla	Fòn: 01851 770507
Colaisde a' Chaisteil, Steòrnabhagh	Fòn: 01851 770460
Colaisde a' Chaisteil, Barraigh	Fòn: 01851 770600
Ionad Chaluim Chille, Ìle	Fòn: 01496 810818



Cuiribh fòn chun na h-oifis as fhaisge oirbh airson tuilleadh fiosrachaidh

WHY NOT HOLD YOUR MEETINGS IN GAELIC?

WHY?
HOW?
WHERE?



This translation equipment was obtained with funding from Bòrd na Gàidhlig along with support from Comhairle nan Eilean Siar and Western Isles Community Economic Development



Eòrpa agus Alba
ag obair còmhla

Creating opportunities for Gaelic

Would you prefer to hold your meetings in Gaelic?

WHY?

Gaelic speakers have naturally gone out of their way to speak English when a non-Gaelic speaker is in their midst. Many would say that this practise has accelerated the decline of the language and that it is the Gaels' willingness to make the effort to speak English that leaves the Gaelic language in its current state.

However, this situation has now changed thanks to new technology. Comunn na Gàidhlig has, with funding from Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar and Western Isles Community Economic Development, obtained 8 sets of state of the art translation equipment which are available to organisations on loan for use at meetings, lectures, conferences etc.

HOW?

This equipment is very user friendly and each set includes 20 headsets. This means that up to 20 people who don't have a word of Gaelic can attend a Gaelic meeting or event and fully understand what is being said.

This now means that there is nothing preventing groups from conducting their meetings in Gaelic. The equipment enables a simultaneous translation giving non-Gaelic speakers the opportunity to attend Gaelic meetings and fully participate in them without being disadvantaged in any sense.

WHERE?

The sets of mobile translation equipment are available on loan from:

CnaG, Glasgow	Phone: 0141 3392022
CnaG, Inverness	Phone: 01463 234138
CnaG, Portree	Phone: 01478 611900
CnaG, Stornoway	Phone: 01851 701802
Lews Castle College, Benbecula	Phone: 01851 770507
Lews Castle College, Stornoway	Phone: 01851 770460
Lews Castle College, Barra	Phone: 01851 770600
The Columba Centre, Islay	Phone: 01496 810818



Please phone your nearest office for more information